



Tiotal: Nad phàrant/neach-cùraim

Pàirt 1: Dè am fios a dh'fheumas pàrant/neach-cùraim agus dè na dh'fheumas iad a dhèanamh?

ìre: DÀRNA

Ceanglan CfE

Eòlasan agus Builean	Slatan-tomhais
'S urrainn dhomh innse mun dleastanas a tha aig pàrant/neach-cùraim agus na sgilean, dìlseachd agus feartan nàdair air a bheil an dleastanas seo a' cur feum HWB 2-51a	Comasach air bruidhinn mu na feartan a tha a dhìth airson a bhith nad phàrant/neach-curaim, mar eisimpleir dealas, gaol, foighidinn agus àbhachdas.

Amasan Ionnachsaidh

- Tha fios agam gu bheil gach teaghach eadar-dhealaichte.
- Gum bi clann a' tuigsinn uallach agus feartan pàrant/neach-cùraim.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na bhios pàrant/neach-cùraim a' dèanamh gus a bhith cinnteach gu bheil am pàiste fallain, toilichte agus sàbhailte.
- 'S urrainn dhomh cunntas a thoirt air an iomadachd a chì sinn ann am beatha teaghlaich.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn air cuid de na dùblain a tha an lùib a bhith nad phàrant/neach-cùraim.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn air mar a dh'iarainn a bhith mar phàrant/neach-cùraim.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Post-its no pìosan cairt, postair mòr bànn/Àite taisbeanaidh airson obair Inbhich Chòire/Dear Adults

NÒT: Nuair tha sibh a' bruidhinn air beatha teaghlaich no dachaigh, bu chòir eòlas a bhith aig an tidsear/neach-foghlaim air suidheachaidhean pearsanta na cloinne. 'S dòcha gum bi feum air mothalachd ma tha clann a' dèiligeadh ri suidheachaidhean doirbh no ànradh san dachaigh. Bu chòir dhan tidsear cuideachd a bhith mothachail ma tha clann fo chùram air falbh bhon dachaigh, 's doch a ann an dachaigh dalta no còmhla ri buill eile den teaghach aca. Ma dh'innseas pàiste mun t-suidheachadh cùraim aca fhèin, agus ma dh'fhaighnicheas pàiste eile dè tha e a' ciallachadh, faodaidh tu cuideachadh leis na mìneachaidhen de dhiofar sheòrsaichean cùraim: Uaireannan chan urrainn do phàiste fuireach còmhla rim pàrant no an teaghach fhèin airson greis, mar sin thèid iad a dh'fhuireach còmhla ri teaghach eile gus am bi e comasach dhaibh tilleadh dhachaigh; 's e pàrant-dalta a chanas sinn ris an neach san àite ùr seo. Uaireannan chan urrainn do phàiste fuireach còmhla rim pàrant fhèin ach faodaidh iad fuireach còmhla ri

ball eile den teaghlaich aca, mar eisimpleir seanaphàrant no antaidh; 's e cùram-dàimh a chanas sinn ris an seo.

Obair

1. Bidh ionnsachadh RSHP air a neartachadh ma dh'fhaodas a' chlann suidhe còmhla, mar a bhios iad a' dèanamh aig àm clearcaill. Ma ghabhas e dèanamh tòisich mar seo. Inns dhan chloinn gum bi iad ag obair an-diugh agus san ath sheisean air cho cudromach 's a tha pàrantan agus luchd-cùraim do chlann. Seall a' chiad shlaighd air a bheil am mìneachadh. An uair sin seall an ath shlaighd air a bheil dealbhan de dhiofar theaghlaichean gus sealltann gun urrainn do mhòran inbheach an t-uallach a ghabhail os làimh ann am beatha pàiste.

'S e inbheach nad bheatha a bhios a' coimhead às do dhèidh agus a' gabhail do chùram a th' ann am pàrant no neach-cùraim.

Tha pàrantan agus luchd-cùraim gu math cudromach ann am beatha pàiste.

2. Iarr air a' chloinn smaoineachadh air cuideigin nam beatha a tha nam pàrant no nan neach-cùraim dhaibh. Mar thidsear/neach-foghlaim, bidh fios agad mu shuidheachadh teaghlaich na cloinne. Aig an ìre seo, ma tha e cuideachail, faodaidh tu a dhaingneachadh gur dòcha nach fheum e bhith gu bheil sinn a' fuireach comhla ris an neach a tha nam pàrant no nan neach-cùraim dhuinn. Iarr orra bruidhinn ri caraid rin taobh mun phàrant no an neach-cùraim a tha iad a' smaoineachadh air, agus seall slaignd nan ceistean gus an cuideachadh le bhith a' bruidhinn mun neach a thagh iad:

A' bruidhinn mu phàrant no neach-cùraim

- Cò bhios a' coimhead às do dhèidh?
- Dè chanadh tu mun deidhinn?
- Dè as toigh leibh a bhith a' dèanamh còmhla?
- Dè an rud as fheàrr leat mun neach a bhios a' coimhead às do dhèidh?

3. Iarr fios air ais bho dhuine sam bith den chloinn a tha deònach bruidhinn mum pàrant/neach-cùraim.
4. **Dè bhios pàrantan agus luchd-cùraim a' dèanamh do chlann?** Can gu bheil sibh a-nis a' dol a bhruidhinn mu na rudan a bhios parant no neach-cùraim a' dèanamh dham pàiste. Mar a th sibh a' dol air adhart gu bruidhinn air na rudan nach bi ag tharrachadh agus na rudan a bhios ag atharrachadh mar a tha pàiste a' fàs. Tòisich le bèibidh. (Slaignd) Ceist: Dè bhios pàrant no neach-cùraim a' dèanamh do bhèibidh airson dèanamh cinnteach gu bheil iad fallain, toilichte agus sàbhailte? ('S dòcha gum bi clann toilichte bruidhinn ri caraid rin taobh an toiseach.) An uair sin meòraichibh air carson a bhios iad a' dèanamh nan rudan seo? Cò bhios gan dèanamh? 'S dòcha gum bi a' chlann sa chlas/bhuidheann a' cuideachadh dhaoine eile cuideachd. 'S dòcha gum bi inbhlich san teaghlach a' cuideachadh len càram. Thèid tron ath 4 de na slaignean a' sealltann pàiste òg, aig aois 5; aig aois 10; aig aois 15.
5. Seall an slaignd air a bheil na dealbhan. Airson na prìomh theachdaireachdan a bhios feumail airson an ath leasain, faighnich (do dhithisean agus fios air ais): Nad bheachd-sa, dè na rudan as cudromaiche a bhios pàrant a' dèanamh dham pàiste? Meòraich air na freagairtean, èist ris na beachdan aca.
6. *Faodaidh sibh seo a dhèanamh ma tha an clas a' dèanamh no air a bhith a' dèanamh obair air còraichean chloinne agus an UNCRC.* Cuir an obair seo nan cuimhne agus faighnich a' cheist: **Dè am fios a dh'fheumas a bhith aig pàrant no neach-cùraim mu chòrachean daonna chloinne agus an**

UNCRC? Thèid thairis air na freagairtean aca: Am bi eòlas air còraichean chloinne feumail airson a bhith nam pàrant/neach-cùraim?

7. **Inbhich chòire/Dear adults:** Inns dhan chloinn gu bheil iad gu bhith ag obair còmhla ri caraid (sa bhuidheann no air ais aig na bùird aca). Tha aca ri 10 post-its/cairtean a thogail agus obrachadh còmhla gus teachdaireachdan a sgrìobhadh orra do dh'inhich aig a bheil an t-uallach sònraichte a bhith nam pàrant no neach-cùraim. Tha aca ri cur an cuimhne nan inbheach na bu chòir dhaibh a dhèanamh dhan cuid chloinne. Nuair a tha na cairtean sgrìobhete, thèid iarraidh air a' chloinn fios a thoirt air ais dhan bhuidheann agus an uair sin thèid an taisbeanadh air postair sa chlas. Cleachd an slaighd. Air gach cairt no post-it, bu chòir dhan chloinn töiseachadh le **Inbhich chòire...:** ('S dòcha gum bi taic feumail do chuid aig an toiseach. Dh'faodadh iad seo a bhith deiseil mus tòisich sibh, me, Bi gaolach rium, thoir dhomh cudail, leugh leabhar còmhla rium...)
- Inbhich chòire:** **Seo feedhainn de na rudan a bu chòir dhuibh cuimhneachadh a dhèanamh dhan chloinn agaibh.**
- Cruinnich a' chlann air ais còmhla airson beagan còmhraidd agus fios air ais. Thèirigthairis air tèamaichean cumanta agus tog air rudan deimhinneach a bhios pàrantan agus luchd-cùraim a' dèanamh airson a bhith cinnteach gu bheil a' chlann fallain, toilichte agus sàbhailte. Cruinnich na post-its/cairtean agus iarr air a' chlann taisbeanadh/postair a dheanamh.

Beachdan eile

- Bhioodh am postair Inbhich Chòire agus na dealbhan a bhios a' chlann a' dèanamh san ath leasan math airson taisbeanadh agus còmhradh aig Oidche Phàrantan.

Ceangal ris an dachaigh

Gabhaidh an teacsa gu h-ìosal a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh mun obair seo.

Thairis air an ath dhà sheisean bidh a' chlann a' bruidhinn mu uallach phàrantan agus luchd-cùraim ann am beatha pàiste. Bidh sinn ag ionnsachadh cho cudromach 's a tha pàrantan agus luchd-cùraim, a' tarraig aire chun nan rudan a bhios iad a' deànamh gus a bhith cinnteach gu bheil am pàiste fallain, toilichte agus sàbhailte. Tha na leasanan seo nam pàirt den phrògram againn far a bheilear ag ionnsachadh mu dhàimhean, a' gabhail a-steach taic do chlann a' smaoineachadh mu bheatha teaghlach agus pàrantachd.

Airson tuilleadh fiosrachaidh tha na làraich seo feumail:

Parent Line Scotland a' tabhann seirbheis an-asgaidh air fòn, post-dealain agus taic air-loidhne do phàrantan agus luchd-cùraim <https://www.children1st.org.uk/help-for-families/parentline-scotland/>

Parent Club gheibhean fiosrachadh agus taic do phàrantan agus luchd-cùraim:

<https://www.parentclub.scot/>

Parentzone a' tabhann fiosrachadh mu sgoiltean agus foghlam: <https://education.gov.scot/parentzone>

Play Talk Read a' tabhann taic chuideachail mu bhith a' cuideachadh do phàiste ag ionnsachadh bho na tràth-bhliadhnaichean – gus gum bi spòrs agaibh còmhla: <http://playtalkread.scot/>

Fiosrachadh mun UNCRC (United Nations Convention on the Rights of the Child):

<https://www.unicef.org.uk/what-we-do/un-convention-child-rights/>

Tha goireasan ionnsachaидh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

- Nan robh mi nam phàrant no neach-cùraim

Nòtaichean Tidseir

